

STORYWORLDS



NA TRÍ IARRTASAN



Air ath-innse le Lynne Benton • Na dealbhan Kevin McAleenan

NA TRÌ IARRTASAN



Air ath-innse le Lynne Benton
Na dealbhan Kevin McAleenan
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR




Uair a bha siud bha
coilltear agus a bhean
a' fuireach ann an coille. Bha iad
ag obair glè chruaidh a h-uile latha
oir bha iad uabhasach bochd.



Aon latha agus an coilltear trang ag obair
sa choille, thàinig cailleach far an robh e.
Bha i airson fiodh a cheannach.



Chuir an coilltear am fiodh ann
am poca mòr dhi.
“Tha seo uabhasach trom,” thuir e rithe.
“Togaidh mi fhèin am poca dhuibh.”




“Nach tu tha còir,” ars a’ chailleach.
Mar sin thug an coilltear am poca fiodha
gu taigh na caillich.



Nuair a ràinig iad an taigh thuir a’ chailleach
ris a’ choilltear, “Tapadh leat airson am poca
fiodha a thoir dhachaigh dhomh.
Nis nì mise rudeigin dhutsa. Bheir mi
trì iarrtasan dhut fhèin agus dhad mhnaoi.
Ach cuimhnich gu smaoinich sibh
mus iarr sibh dad.”






Thug an coilltear taing dhan chaillich.
An uair sin rinn e gàire beag agus thuir e
ris fhèin, 'Chan eil innte ach seann
chailleach. Ciamar a b' urrainn dhìse trì
iarrtasan a thoirt dhuinn?'

Thill e air ais gu obair agus cha do
smaoinich e oirre
tuilleadh.



Aig deireadh an latha bha an coilltear cho
sgìth ris a' chù agus gu tolladh leis an acras.
'Tha mi an dòchas gun do rinn mo bhean
rudeigin math airson na dìneir,'
thuir e ris fhèin.





Ach nuair a ràinig e dhachaigh cha robh dad aig a bhean dha, ach aran.

Bha e glè chrosta.

“Tha mi air a bhith trang ag obair fad an latha agus tha mi gu tolladh leis an acras,” thuirt e.

Fhreagair a bhean, “Tha sinn ro bhoichd airson dad a cheannach airson na teatha.”



8



“Tha fios a’m gu bheil sinn boichd,” thuirt an coilltear. “Ach tha acras uabhasach orm. B’ fheàrr leam gun robh isbean agam an-dràsta.”

Sa mhionaid sin bha isbean mòr reamhar air a’ bhòrd. Bha e a’ coimhead sgoinneil.



9



“Cò às a thàinig an t-ìsbean sin?”
dh’fhaighnich bean a’ choillteir.

“O, tha cuimhne agam a-nis,” ars an
coilltear.

“Thug seann chailleach dhomh trì iarrtasan
agus dhìochuimhnich mi mun deidhinn!”



“Amadain!” dh’èigh
a bhean.

“Carson nach do rinn thu
iarrtas airson tòrr bìdh
a dh’itheadh sinn ...



... no taigh brèagha
airson fuireach ann ...




... no tòrr
airgid?

Ach rinn thu iarrtas
airson ìsbean!”



“Nis tha sinn air aon iarrtas a chall,”
thuirt a bhean.

“OOOO! Tha mi cho crosta.
B’ fheàrr leam gun robh an t-ìsbean
sin air bàrr do shròin!”



Sa mhionaid leum an t-ìsbean reamhar
far a’ bhùird agus steig e air bàrr sròin
a’ choillteir.



“Nach seall thu a-nis!” ars an coilltear.
“Seall an rud a rinn thu. Tha iarrtas eile air
falbh a-nis. ’S e do choire-sa tha sin.
Cuidich mi a’ slaodadh an ìsbein far mo shròin.”
Shlaod iad agus shlaod iad ach
cha tigeadh an t-ìsbean far a shròin.






“Òinsich!” ars an coilltear.

“Feumaidh sinn iarrtas a dhèanamh airson an isbean a thoirt dhìom no bidh e orm gu bràth.”

Mar sin thuir an coilltear,

“B’ fheàrr leam gun tigeadh an t-isbean far mo shròin an-dràsta!”

Sa mhionaid thuit an t-isbean mòr reamhar far a shròin agus air ais air a’ bhòrd.



“Siud an t-iarrtas mu dheireadh againn,” ars an coilltear gu tùrsach.

“Tha mi duilich gun robh mi crosta,” thuir e ri a mhnaoi.

“Agus tha mise duilich gun robh mi ag èigheach,” thuir a bhean.

“Tha sinn air a bhith glè ghòrach,” thuir iad.





“Ach tha an t-ìsbean againn fhathast co-dhiù,” ars an coilltear.

“Nach ith sinn e!”

Rinn iad dà leth air an ìsbean agus dh’ith iad e leis an aran.

“Siud an t-ìsbean as fheàrr a dh’ith mi riamh,” thuirt an coilltear.

“Ach ma bhios trì iarrtasan againn a-rithist, feumaidh sinn smaoinichadh gu math mus dèan sinn iarrtas.”



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
carrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Lynne Benton 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Lynne Benton a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 638 4